

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Faclan fillte à Faclair Armstrong (1)

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 775. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 471 corresponds to Litir 775.

Dè cho mòr 's a tha ur briathrachas Gàidhlig? Am bi sibh a' leughadh an fhaclair airson spòrs? Mholainn sin, ma tha sibh gu bhith a' **leudachadh na tha de dh'fhaclan air ur teangaidh**. Anns an Litir seo, **tha mi a' dol a chur deuchainn oirbh**. Tha mi a' dol a dh'ainmeachadh fhaclan-fillte à seann fhaclair Armstrong. Chì sinn cia mheud dhiubh air a bheil sibh eòlach.

'S e a' chiad fhacal *airgead-beò*. 'S e rudeigin annasach a th' ann – meatailt a tha a' coimhead coltach ri airgead ach a bhios a' gluasad mar gu bheil i beò. 'S e sin a' Ghàidhlig air *mercury* no *quicksilver* – airgead-beò. Tha e a' dèanamh ciall, nach eil?

An dàrna facal – agus tha e a' tòiseachadh le 'b' oir bidh mi a' gluasad tron aibidil – *bian-leasaiche*. *Bian-leasaiche*. Bu chòir sin a bhith furasta gu leòr. Bidh fios agaibh gur e bian seiche aig ainmhidh. *Bian* an tuirc – *the hide of the wild boar*. 'S e leasaiche duine a bhios a' leasachadh rudeigin. 'S iomadh 'oifigear-leasachaidh' a th' againn anns an t-saoghal sa bheil sinn beò. Mar sin, 's *bian-leasaiche* neach a bhios a' cartadh nam bian. Ann am Beurla – *a tanner, somebody who tans hides*. *Bian-leasaiche*.

A-nise, facal a' tòiseachadh le 'c' – *cluas-chrochag*. *Cluas-chrochag*. Uill, cha bu chòir seo a bhith ro dhoirbh. Bidh fios agaibh dè th' ann an cluas. Agus dè th' ann an *crochag*? Uill, rudeigin beag a bhios a' crochadh – *pendulum* ann an cloc no *pendant* a bhios, can, boireannach a' cur oirre mar seud. *Cluas-chrochag* – *an ear-ring or ear-pendant*.

Tha sinn aig 'd' a-nise agus tha fear doirbh agam dhuibh. Chòrd am facal fillte seo rium a' chiad turas a chunnaic mi e, ged a tha e car seann-fhasanta an-diugh – *deud-cheartaiche*. *Deud-cheartaiche*. Nise, 's e deud seann fhacal Gàidhlig airson fiacail. Tha e càirdeach do *dant* ann an Cuimris, *dens* ann an Laideann agus *dent* ann am Fraingis. Tha e againn fhathast anns a' Ghàidhlig airson *toothache* – an deudadh. Tha an deudadh orm – *I have toothache*. 'S e deud-cheartaiche neach a bhios a' cur nan deudan agad ceart nuair a tha rudeigin ceàrr orra. *A dentist!* *Deud-cheartaiche*. Bidh sinn ag ràdh 'fhaclair' an-diugh.

Nise, *eug-lios* – sin E-U-G, tathan, L-I-O-S. *Eug-lios*. Facal-fillte gu math inntinneach! A bheil sibh eòlach air an fhacal eug? Tha e a' ciallachadh 'bàs'. Ann an cuid de dhualchainntean, bithear ag ràdh *dh'eug e* airson *chaochail e* no *bhàsaich e*. Mar sin, 's e *eug-lios* àite – lios, leas, gàrradh – far am bi na mairbh air an cur às dèidh dhaibh bàs fhaighinn. *A cemetery or graveyard*. *Eug-lios*. Tha am facal as cumanta airson a leithid – *cladh* – a' tighinn bhon fear a tha a' ciallachadh 'dig' – toll a

chladhach. Chanainn gu bheil eug-lios a cheart cho tarraingeach, ged a tha e seann-fhasanta an-diugh.

Nise, *fiadh-ghleann*. Fiadh-ghleann. Gleann far am bi fèidh a' cruinneachadh ann an treudan. Ach tha e cuideachd a' ciallachadh *wild glen*. Tha am facal *fiadh* gu mòr co-cheangailte ri rudan 'wild' mar a chanar ann am Beurla. Às a sin gheibh sinn am facal *fiadhaich*. Tha spòrs ann am faclan, nach eil? Bidh tuilleadh agam dhuibh an-ath-sheachdain.

* * * * *

Faclan na Litreach: co-ionann ri: *equivalent to*; oifigear-leasachaidh: *development officer*; seann-fhasanta: *old-fashioned*; deud: *tooth*.

Abairtean na Litreach: Dè cho mòr 's a tha ur briathrachas Gàidhlig?: *how extensive is your Gaelic vocabulary?*; am bi sibh a' leughadh an fhaclair airson spòrs?: *do you read the dictionary for fun?*; mholainn sin: *I'd recommend that*; tha mi a' dol a dh'ainmeachadh fhaclan-fillte à seann fhaclair Armstrong: *I'm going to name compound nouns from Armstrong's old dictionary*; cia mheud dhiubh: *how many of them*; meatailt a tha a' coimhead coltach ri airgead: *a metal that looks like silver*; ach a bhios a' gluasad mar gu bheil i beò: *but moves as if it is alive*; tha e a' dèanamh ciall, nach eil?: *it makes sense, doesn't it?*; bidh mi a' gluasad tron aibidil: *I'll be moving through the alphabet*; gur e bian seiche aig ainmhidh: *that a bian is an animal hide*; neach a bhios a' cartadh nam bian: *somebody who tans [the] hides*; cha bu chòir seo a bhith ro dhoirbh: *this shouldn't be too difficult*; boireannach a' cur oirre mar seud: *a woman wearing as an item of jewellery*; facal-fillte gu math inntinneach: *a very interesting compound noun*; ann an cuid de dhualchainntean, bithear ag ràdh X : *in some dialects X is said*; far am bi na mairbh air an cur às dèidh dhaibh bàs fhaighinn: *where the dead are put after they die*; chanainn gu bheil X a cheart cho tarraingeach: *I'd say that X is just as appealing*; far am bi fèidh a' cruinneachadh ann an treudan: *where deer gather in herds*; às a sin gheibh sinn am facal *fiadhaich*: *from that we derive the word fiadhaich*; tha spòrs ann am faclan, nach eil?: *words are fun, aren't they?*

Puing-chànain na Litreach: a' leudachadh na tha de dh'fhaclan air ur teangaidh: *expanding the vocabulary on your tongue*. The word for tongue is generally spelled teanga today but interestingly Armstrong (1825) spells it teangadh. This is significant because in some dialects it still slenderises in the dative singular (being a feminine noun). Thus we get air an teangaidh, rather than air an teanga. The inflexion sits more comfortably with the older spelling.

Gnàthas-cainnt na Litreach: tha mi a' dol a chur deuchainn oirbh: *I'm going to test you*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA